

PÀIPEARAN A BHARRACHD A DH'FHEUMAR NUAIR A THATHAR A' TOIRT RABHADH COM-PÀIRTEACHAS CATHARRA

Feumaidh daoine a tha ag iarraidh com-pàirteachas catharra a chlàradh dearbhadh a thoirt seachad gu bheil iad air coinneachadh ri feumalachdan in-imriche no dearbhadh a thoirt seachad mun nàiseantachd aca **a thuilleadh** air pàipearan riatanach eile a tha air an ainmeachadh sa bhileag "A' clàradh Com-pàirteachas Catharra an Alba".

Daoine fo smachd Riaghailtean In-imriche

Feumaidh duine sam bith fo smachd riaghailtean in-imriche coinneachadh ri aon a-mach à trì de na feumalachdan in-imriche a leanas:

1. Feumaidh bhiosa no cead inntigridh dligeach a bhith aca air a thoirt seachad a dh'aona ghnòthaich airson a thighinn a dh'Alba le sùil ri dhol ann an com-pàirteachas catharra, no
2. tha Teisteanas Ceadachaidh Oifis na Dùthcha aca, no
3. tha inbhe stèidhichte aca san Rìoghachd Aonaichte.

Feumaidh dearbhadh gun deach coinneachadh ri na feumalachdan sin a bhith air an cur chun an Neach-clàraidh an uair a tha thu a' cur nam foirmichean-rabhaidh com-pàirteachas catharra a-steach.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bhon Ambasaid, Consalachd no Àrd-choimisean Breatannach as fhaisge no cuir fòn gu Biùro Rannsachadh In-imrich agus Nàiseantachd air 0870 606 7766, no sgrìobh gu Buidheann-stiùiridh In-imrich & Nàiseantachd, Lunar House, 40 Wellesley Road, Croydon, CR9 2BY airson comhairle.

Daoine nach eil fo smachd Riaghailtean In-imriche

Mas e saoranach à Breatainn a th' annad, nàiseantach de dhùthaich de Cheàrn Eaconamach na h-Eòrpa no ma tha teisteanas agad de chòraichean a tha a' dearbhadh gun urrainn dhut fuireach san Rìoghachd Aonaichte, chan eil na riaghailtean ùra a' toirt buaidh ort. **Ach, feumaidh tu fianais a thoirt seachad den nàiseantachd agad don neach-clàraidh mus fhaod an clàradh com-pàirteachas catharra a dhol air adhart.**

Saoranaich à Breatann

Ma rugadh tu san Rìoghachd Aonaichte **ro 1 Faoilleach 1983** bithear den bheachd gun d' fhuair thu teisteanas saoranachd gu nàdarra agus bidh do theisteanas breith na dhearbhadh iomchaidh den nàiseantachd agad.

Ma rugadh tu san Rìoghachd Aonaichte **an dèidh 1 Faoilleach 1983** bidh do nàiseantachd an urra ri inbhe in-imriche no nàiseantachd do phàrantan aig àm do bhreith. 'S e an dòigh as fhaisge dearbhadh gur e Saoranach Breatannach a tha annad a bhith a' sealltainn cead-siubhal slàn Breatannach. Mur eil cead-siubhal slàn Breatannach agad, feumar dearbhadh air inbhe in-imriche no inbhe nàiseantachd aon de do phàrantan, m.e. teisteanas breith na Rìoghachd Aonaichte aig do phàrant. Ma bha do phàrantan **gun a bhith pòsta** nuair a rugadh tu, bithear a' gabhail do nàiseantachd bho do mhàthair, mar sin 's e teisteanas breith do mhàthar bhon RA a dh'fheumar. Ma bha do phàrantan **pòsta** aig àm do bhreith, faodar an nàiseantachd a thoirt bho pàrant sam bith, agus nì teisteanas breith an dàrna pàrant bhon Rìoghachd Aonaichte a' chùis. Ach, ma tha thu airson a bhith an urra ri inbhe in-imriche no nàiseantachd d' athar (mar eisimpleir far nach eil do mhàthair na Breatannach) feumaidh tu cuideachd dearbhadh gu bheil do phàrantan pòsta. Mur eil e comasach dhut inbhe nàiseantachd no in-imriche do phàrantan a dhearbhadh san dòigh seo, bu

chòir dhut fios a chur gu Buidheann Nàiseantachd Oifis na Dùthcha (fòn 0845 010 5200) airson comhairle.

Ma chaidh do bhreith taobh a-muigh na RA ach gu bheil thu nad Shaoranach Breatannach, feumaidh tu do theisteanas nàdarrachaidh/clàraidh no cead-siubhail Breatannach slàn a shealltainn.

Nàiseantaich Ceàrn Eaconamach na h-Eòrpa (EEA)

Mas e nàiseantach a th' annad à aon de na stàitean EEA gu h-ìosal (no an Eilbheis) feumaidh an neach-clàraidh do chead-siubhail fhaicinn.

An Ostair A' Bheilg Ciopras Poblachd nan Seacach An Danmhairc Eastòinia Suòmaidh An Fhraing A' Ghearmailt A' Ghrèig	An Ungair Innis Tìle Èirinn An Eadailt An Laitbhe Liechtenstein Liotuàinia Lugsamburg Malta An Òlaind	Nirribhidh A' Phòlainn A' Phortagail Slobhaigia Sloibhìnia An Spàinn An t-Suain An Eilbheis An Rìoghachd Aonaichte
--	--	--